

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 1 | 2012 | AM FAOILLEACH

130 BLIADHNA A' FRITHEALADH DO NA GAIDHEIL


Facal Toisich

An toiseach, bu toigh leam an cothrom seo a ghabhail gu bhith a' guidhe do ar luchd-leughaidh, ann an Alba agus air feadh an t-saoghail, beannachdan Dhè anns a' bhliadhna a tha romhainn.

Ann an 2012 bidh sinn a' cuimhneachadh gu bheil trì fichead bliadhna ann bho ghabh a' Bhan-rìgh Ealasaid an crùn an dèidh do a h-athair siubhal gu h-obann. Nach iomadh caochladh a thàinig air an rìoghachd agus air an eaglais anns na bliadhnachan sin. Ruigidh Comann nam Ban ann an Eaglais na h-Alba clach-mhìle 'na eachdraidh cuideachd agus ceud agus còig thar fhichead bliadhna bho chaidh a stèidheachadh. Nar latha-ne tha fireannaich 'nam buill den Chomann, agus ann an dòigh tha sin freagarrach a chionn gur e fireannach a chuir Comann nam Ban air chois. Air feadh na dùthcha tha meuran a' Chomainn a' dèanamh obair ionmholta ann a bhith a' neartachadh spioradalachd agus co-chomainn am measg nam ball.

Chan eil fios aig duine againn dè a dh'fhaodas a bhith romhainn anns na mìosan air toiseach. Ach fhuair sluagh Israeil o shean gealladh gu bheil sùilean an Tighearna orra o toiseach gu deireadh na bliadhna. Tha an saoghal againne glè eadar-dhealaichte ri saoghal an t-Seann Tiomnaidh. Ach tha rudan ann nach eil ag atharrachadh. Tha an saoghal anns a bheil sinne beò a cheart cho feumach air teachdaireachd an t-Soisgeil agus a bha e ri linn nan deisciobal.

**Le deagh dhùrachd dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid**



Tha beagan eaglaisean air Ghàidhealtachd a tha air an ainmeachadh air Brianan, fear de na teachdairean aig an Eaglais Cheiltich. 'S e an t-ainm aig Brianan a tha air an eaglais ann an Sgibinnis ann an Cinntire, eaglais bheag bhreàgha air am bi mòran luchd-turais a' siubhal as t-samhradh.

Cùil Nan Ceist

'S e seo a' cheud mhìos den bhliadhna agus an turas seo tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh às a' Bhioball mun cheud uair a thachair rud-eigin no iomradh eile air an fhacal "ceud". Tha sinn ag innse dè na caibideilean anns am faighear freagairt nan ceist. Tha na fuasglaidhean againn cuideachd air an duilleig mu dheireadh.

1. Dè am baile anns an d'fhuair luchd-leantainn losa an t-ainm "Crìosdaidhean"? (Gnìomharan, caibideil 11)
2. Lìon a' bheàrn - "An tusa a' cheud ---- a rugadh?" (Iob, caibideil 15)
3. Cò an rìgh a bha anns a' cheud bhliadhna den riaghaltas nuair a thuig Dàniel àireamh nam bliadhnachan mun tàinig facal Dhè? (Dàniel, caibideil 9)
4. Cò an eaglais a thrèig a ceud ghràdh? (Taisbeanadh, caibideil 2)

Stòiridhean – 1

Anns an t-sreath seo tha mi a' dol a dh'innse dhuibh stòiridhean a thug buaidh orm fhìn nuair a chuala mi iad. Bha boireannach a' fuireach ann am Brazil agus bha aon nighean aice a bha uamhasach brèagha. Bha eagal oirre an còmhnaidh gun tigeadh an latha a dh'fhalbhadh a nighean a Rio agus bha a cheart uibhir de dh'eagal oirre dè a dh'fhaodadh tachairt dhi an sin.

Aon mhadainn dhùisg i agus bha not bhon nighinn ag r`adh gu rob hi air falbh a Rio a dh'fhaicinn dè a bha an sin dhi. Bha am boireannach gu math tùrsach agus chuir i roimhe gum falbhadh i a Rio ga siubhal, ach mus do rinn i sin thog i tòrr dhealbhan dhi fhèin a bheireadh i leatha. Thug i leatha na bha aice de dh'airgead agus dh'fhalbh i air a slighe.

Chaidh i air feadh Rio airson iomadach latha agus mìos a' coimhead ann an taighean bìdhe agus taighean-òsta, agus a h-uile àite dhan deach i dh'fhàg i dealbh dhi fhèin às a dèidh. Chaidh an ùine seachad agus mu dheireadh ruith an t-airgead a-mach agus b'fheudar dhi tilleadh dhachaigh gun lorg fhaighinn air an nighinn a bha cho prìseil dhi.

Chaidh na mìosan seachad agus aon oidhche bha an nighean a' tighinn sìos staidhre ann an taigh-òsta còmhla ri freannach. Bha i a' faireachdainn gu math falamh oir bha i a-nise 'na siuarsaich.

Chlìsg i nuair a chunnaic i dealbh dha màthair. Thionndaidh i an dealbh agus choimhead i air a chùlaibh. Sgrìobhte an sin bha na facial: *Chan eil dragh agam càit a tha thu air a bhith no dè a tha thug air a dhèanamh – thig dhachaigh.*

Nach ann mar sin a tha cuireadh an t-Soisgeil. Nach eil Dia a' cantainn rud-eigin coltach ri sin rinn uile an-diugh. Chan eil dragh agam càit a tha thu air a bhith, no dè a tha thu air a dhèanamh. Thig thugamsa le aithreachas agus bheir mise mathanas dhut.

Oighrig NicFhearghais
(A' Mhanachainn)

Leabhraichean

The Greatest Thing in the World

Eanraig Druimeanach

Chan e leabhar ùr air a bheil sinn a' coimhead air a' mhìos seo ach seann leabhar as fhiach leughadh fhathast agus a bhios 'na thlachd do mhòran chun an latha an-diugh. Chan do dh'fhàs an teachdraireachd a tha anns an leabhar seann-fhasanta.

Nuair a bha am Fear-deasachaidh 'na oileanach fhuair e mar thìodhlac leabhar beag air a bheil an t-ainm, The Greatest Thing in the World. Chaidh an leabhar a sgrìobhadh ann an 1894 le Eanraig Druimeanach a bha 'na sgoilear mòr 'na latha. Rugadh an Druimeanach ann an Sruighlea ann an 1851 agus bhiodh e a' teagasg ann an Colaiste na h-Eaglaise Saoire air cuspairean saidheans aig àm nuair a bha daoine den bheachd gu robh coimhstri eadar creideamh agus saidheans.

An t-Urr. Dòmhnall MacPhàrlain

Nuair a leugh am Fear-deasachaidh an naidheachd gun do chaochail an t-Urr. Dòmhnall MacPhàrlain ann an dachaigh-chùraim ann an Inbhir Nis dhùisg e cuimhneachain air searmonaiche tarraingeach, aoghaire dìleas agus fìor dhuine dàimheil gasta còir. Fhuair Mgr. MacPhàrlain aois mhòr – bha e ceithir fichead bliadhna agus sia deug.

Thogadh Mgr. MacPhàrlain anns an eilean Sgitheanach agus bha meas mòr air anns gach coitheanal anns an robh e a' saothreachadh. Thòisich e a mhinisteachd ann an 1940 nuair a bha e air a shuidheachadh ann an Loch Carann. Chrìochnaich e làithean a mhinisteachd anns an Eaglais an Ear ann an Inbhir Nis far an robh e còig bliadhna fichead. O 1955 gus an do leig e dheth uallach coitheanail ann an 1980 rinn e obair phrìseil ann an Inbhir Nis.

An turas mu dheireadh a chunnaic am Fear-deasachaidh Mgr. MacPhàrlain b'ann beagan bhliadhnachan air ais air an t-seirbheis thìodhlacadidh aig an Urr. Iain Caimbeul ann an eaglais Urchardain. Bha e cho beothail 'na inntinn agus a bha e riamh.

An dèidh na seirbheis bha am Fear-deasachaidh a' bruidheann ri fear de dh'eildearan eaglais Urchardain. Bha am Fear-deasachaidh a' cuimhneachadh air searmon mun mhac stròdhail a thug Dòmhnall MacPhàrlain seachad aig àm Comanachaidh ann am Beàrnaraigh na Hearadh faisg air dà fhichead bliadhna air ais. Bha cuimhne aige fhathast air na cinn a bha aige anns an t-searmon mun mhac stròdhail – 1. Chaill e a bheairteas ach cha do chaill e a luach. 2. Chaill e a chàirdean, ach cha do chaill e 'athair. 3. Chaill e a shlighe, ach cha do chaill e a sheòladh. Thubhairt an t-eildear gu robh cuimhne aige air an dearbh shearmon sin a bhith aig Mgr. MacPhàrlain ann an eaglais Urchardain.

Seachdain an dèidh dhuinn leughadh mu bhàs Dhòmhnall MhicPhàrlain chòir nach ann a bha naidheachd anns a' phàipear gun do shiubhail a bhean, Anna. Bha buntanas aig Anna Laing ri Uibhist a Tuath agus bha i fhèin agus Dòmhnall air a bhith pòsta còrr math is trì fichead bliadhna. Bha iad anns na bliadhnachan mu dheireadh a' fuireach còmhla anns an aon dachaigh-chùraim ann an Inbhir Nis. Bu thlachdmhor a bhith 'nan cuideachd 'nan dachaigh fhèin agus iad 'nan càraid a bha cho geanail agus càirdeil.

Cha d'fhuair Eanraig Druimeanach aois mhòr oir bha e a' fulang le aillse 'na chnàmhan. Chaochail e ann an 1897 agus am measg nan sgrìobhaidhean prìseil a dh'fhàg e às a dhèidh tha an leabhar beag taitneach seo.

'S e gràdh an nì as motha air an t-saoghal a rèir an leabhair seo a tha air a stèidheachadh air briathran Phòil ann an ceud litir nan Corintianach, an treas caibideil deug. Bha Eanraig Druimeanach cuairt ann an Africa far an do choinnich e ris a' mhiseanaraidh iomraiteach, Daibhidh Mac Dhùn-lèibhe. Anns an leabhar tha an Druimeanach ag innse nach tuigeadh na daoine am measg an robh Mac Dhùn-lèibhe a' fuireach na rudan a bha e ag ràdh – ach thuigeadh iad cànan a' ghràidh a chunnaic iad anns na nithean a bha iad e dèanamh.

Searmon Beag

Ag amharc air losa (Litir nan Eabhraidheach 12:2)


Aig toiseach bliadhna ùr eile nar beatha faodaidh ar sùilean a bhith a' coimhead barrachd air aon taobh.

Aig toiseach na bliadhna tha e nàdarra dhuinn a bhith a' coimhead air ais. Bidh cuimhneachain againn, feadhainn a tha tlachdmhor, feadhainn eile a tha 'nan adhbhar-bròin, o na mìosan a chaidh seachad. Tha iomadh leasan a dh'ionnsaicheas sinn o rudan a thachair anns na làithean agus anns na linntean a dh'fhalbh. Ach air turas sam bith cha dèan math dhuinn ar sùil a bhith thar ar guailne fad an t-siubhail no bidh sinn buailteach bualadh ann an cnap-starra air choireigin. Bidh cuid ann a bhios a' coimhead sìos, gam faicinn fhèin neo-airidh agus mì-fhreagarrach. Sin mar a bha an cìs-mhaor anns an teampall anns a' chosmhalachd a dh'innis losa. Cha b'urrainn dha fiù's a shùilean a thogail an-àird. 'S e rud iomchaidh a tha ann an irioslachd, ach chan eil e fallainn a bhith a' coimhead sìos an còmhnaidh.

Bidh sinn tric a' coimhead mun cuairt. Bha am Pharasach anns an teampall mar sin. Bha e ga choimeas fhèin ri daoine eile, agus bha e ga fhaicinn fhèin na b'fheàrr na càch, gu h-àraidh gu robh e mòran na bu naoimhe na an cìs-mhaor a bha ag ùrnaigh leis fhèin ann an oisean. Tha e math a bhith a' coimhead mun cuairt, gu h-àraidh ma bheir e oirnn feadhainn fhaicinn a tha a' cur feum air cobhair.

Aig toiseach bliadhna, agus aig a h-uile àm, tha am Bioball gar misneachadh gu bhith a' coimhead suas. Bha an salmair a' togail a shùilean a-chùm nam beann agus bha na beanntan a' samhlachadh dhàsan cumhachd agus làthaireachd agus dìon an Tighearna a chruthaich nèamh agus talamh. Bidh rudan a tha a' tachairt air talamh gar mì-misneachadh. Tha e math a bhith a' cuimhneachadh gu bheil gach nì ann an làimh Dhè.

Aig toiseach na bliadhna ùire tha e buannachdail dhuinn a bhith a' coimhead romhainn. Bidh sinn a' sealltainn air adhart ri rudan a tha sinn an dùil a dhèanamh anns na làithean a tha romhainn. Aig an àm seo bidh mòran ag ullachadh airson saor-làithean an t-samhraidh. Tha litir nan Eabhraidheach a' coimhead air ais air eachdraidh nan daoine a bha ag imeachd tre chreideamh anns na linntean a chaidh seachad. Ach tha an litir seo cuideachd gar comhairleachadh gu bhith ag amharc air losa, ceannard agus fear-crìochnachaidh ar creidimh. Tha Esan a' dol air thoiseach oirn mar fhear-bristeadh na slighe aig toiseach gach latha agus air toiseach gach bliadhna. Gum biodh ar sùil air-san.



Cha do chaill eilean Dhiùraigh aon duine anns an Darna Cogadh, ged a rinn an Cogadh Mòr call mòr air an eilean. Mar thaingalachd airson nan eileanach a thill gu sàbhailte chaidh an uinneag bheag seo a chur anns an eaglais ann an 1946.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "An tì aig a bheil cluas eisteadh e." Tha na faclan sin againn barrachd air

aon turas ann an Leabhar an Taisbeanaidh. Leughaidh sinn iad anns an darna caibideil agus anns an treas caibideil anns an leabhar. Tha cluasan againn uile. Ach a bheil sinn a' feum dèanamh dhìù? Faodaidh sinn teachdaireachd chudthromach a chluinntinn gun a bhith ga toirt fa-near. Tha guth Dhè a' labhairt rinn ann an iomadh dòigh agus aig a h-uile àm. Nach eist sinn ris a' ghuth sin a tha a' labhairt rinn ann an dòigh shònraichte ann an losa Crìosd.

Bidh mòran dhaoine ann agus chan eil an geamhradh a' còrdadh riu. Aig trì uairean feasgar tha an dorchadas

a' tighinn. Air a' gheamhradh an-uiridh bha sneachd agus reothadh againn. Chan fhaigheadh daoine don eaglais ma bha iad ann an àite iomallach. Air a' gheamhradh seo tha làithean stoirmeil againn. Bidh làithean ann nuair a bhios na bàtaichean-aiseig ri port. Bha sluagh Hirt eòlach glaiste fad mìosan a' gheamhraidh. Ach cha robh iad 'nan tàmh. Bhiodh iad trang ag obair, a' fighe agus a' snìomh. Agus bhiodh iad a' tadhal air na taighean eile.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Is binn gach eun 'na dhoire fhèin." (Sweet sings each bird in its own grove.) Is toigh

leinn na h-àiteachan air a bheil sinn eòlach. Tha sinn nas cofhurtaile anns an dachaigh againn fhèin na ann an àite sam bith eile. Tha sinn a' faireachadh sàbhailte am measg nan daoine againn fhèin. Togaidh e ar cridhe a bhith am measg chàirdean, coltach ris an eun a' seinn gu binn anns an doire aige fhèin. Bha cuid de na Gàidheil math air siubhal. Bhiodh iad ag obair air bàtaichean a bha a' dol a-null gu dùthchannan cèin. Ach bha iad sona nuair a chitheadh iad an dachaigh far an robh iad 'nan òige.

Tha fuaimnean ann a tha a' còrdadh rium fhèin. Tha mi a' fuireach faisg air a' chladach agus cluinnidh sinn eòin

na mara. Tha iomadh eun anns a' ghàrradh cuideachd. Is toigh leam fuaim nan stuagh a' bualadh air a' chladach. Tha am Bioball a' bruidheann air fuaim a tha "aoibneach ait." 'S e sin fuaim aoibhneach an t-Soisgeil a tha ag innse dhuinn mu ghràdh Dhè ann an losa Crìosd, mu mhathanas pheacaidhean, mu dhòchas na beatha maireannaich ann an Crìosd a fhuair bàs air ar son agus a dh'èirich a-rithist le buaidh. Thug E buaidh air cumhachd a' pheacaidh agus cumhachd a' bhàis.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

130 BLIADHNA A' FRITHEALADH DO NA GAIDHEIL

Thall 's a-Bhos

AIR AN ADHAR

Tha sinn a' fàs cleachdte ri Dèanamaid Adhradh a bhith air a chraobh-sgaoileadh beagan nas tràithe, aig naodh uairean madainn na Sàbaid. Tha sin a' freagairt air feadhainn (am Fear-deasachaidh 'nam measg) a bhios a' dol gu seirbheis aig deich uairean. Tha cothrom eile am prògram a chluinntinn aig trì uairean feasgar. Air an oidhche bidh seann seirbheis air a chraoladh à tasglann a' BhBC, agus tha e math guthan air an robh sinn eòlach cluinntinn a-rithist.

FUASGLADH NAN CEIST

Chuir sinn ceistean oirbh mun fhacal "ceud" mar a tha e air a chleachdadh anns na Sgrìobtaran. Seo freagairt nan ceist. 1. Antioch. 2. ----duine--- 3. Darius. 4. Ephesus.

AN T-URR. SINE STIUBHART

Chaochail boireannach còir a rinn seirbheis dhìleas don Eaglais, gu h-àraidh ann an Ile. Rugadh an t-Urr. Sine Stiùbhart ann an Lunnainn ann an 1921. Bha i an toiseach ag obair mar rùnaire agus mar neach-teagaisg sgoiltean. Chuala i guth Dhè ga gairm gu dreuchd na ministrealachd, agus an dèidh cùrsa a dhèanamh ann an Oilthaigh Obar Dheadhain, ann an 1983 fhuair i cead-searmonachaidh o Chlèir Shasainn. B'ann air a' bhliadhna sin a chaidh a pòsadh ri coitheanal Chill Daltain agus na h-Odha ann an eilean Ile. Leig i seachad uallach coitheanail ann an 1989. Cha robh i 'na tàmh, oir chuir i trì bliadhna seachad an dèidh sin a' ministrealachadh do dh'ospadal Ile. Sheas i gu daingeann air bunaitean a' chreidimh agus bhiodh i a' cur sheirbheisean Gàidhlig air bhonn. Far an robh trioblaid no tinneas bha i bàigheil fritheilteach.

EADAR-THEANGACHADH

Dh'fhaighnich caraid don Fhear-dheasachaidh bho chionn ghoirid an robh eadar-theangachadh Gàidhlig air an laoidh ainmeil, *Praise, my soul, the King of heaven*. Tha grunn math leabhraichean ann le laoidhean Beurla air an tionndadh gu Gàidhlig, ach dh'fhairtlich air eadar-theangachadh a lorg. A bheil sgeul aig neach den luchd-leughaidh air eadar-theangachadh den laoidh seo?

AN T-URR. MURCHADH MAC A' GHOBHAINN

Bha sinn duilich a chluinntinn gun tug dìth na slàinte air an Urr. Murchadh Mac a' Ghobhainn uallach coitheanail a leigeil dheth. Rugadh Mgr. Mac a' Ghobhainn ann an Siadar air taobh siar eilean Leòdhais agus an dèidh dha a bhith air ceann gnìomhachais chuir e roimhe cùrsa na ministrealachd a leantainn. Fhrithheil e oilthaigh Dhùn Eideann eadar 1982 agus 1987 far an tug e a-mach MA agus BD. Ann an 1988 ghabh e ri gairm o choitheanal Mhànais agus Sgarasta ann an ceann a deas na Hearadh. Bha an sgìre air a bhith bàn o 1979. Anns na bliadhna a bha an t-Urr. Murchadh Mac a' Ghobhainn air ceann a' choitheanail thàinig piseach air obair na h-eaglais ann an ceann a deas na Hearadh, far a bheil a-nis deagh sgioba de luchd-dreuchd agus luchd-cuideachaidh. Rinn Mgr. Mac a' Ghobhainn obair ionmholta cuideachd mar chlàireach air Clèir Uibhist.

RANN

*Nach milis mar cheòl e,
Nach bòidheach, nach binn,
Guth chlag madainn Dòmhnach,
Nach sònraichte grinn;
Na fuinn ud ro-àlainn,
Tha fàilteach' an lò,
A bheannaich an t-Ard-rìgh,
Gu slàinte nan slògh.*

Bha an t-Urr. Donnchadh MacGhilleathain bliadhnachan mòra 'na mhinistear ann an Gleann Urchaidh ann an Earra Ghàidheal, an toiseach ann an Eaglais na h-Alba, agus an dèidh an Dealachaidh, anns an Eaglais Shaoir. Bha e 'na bhàrd comasach, agus an seo tha e ag innse mu chlag na h-eaglais madainn na Sàbaid a' fàilteachadh dhaoine gu taigh an Tighearna agus a' cur urraim air an Dia a thug dhuinn an latha seo mar latha fois agus latha adhradh.

ADHBHAR-GAIRE

Bidh clann ag ràdh rudan a bheir fiamh-gàire oirnn. Bidh am beachdan fhèin aca. Thubhairt tè bheag anns an Sgoil Shàbaid ris a' mhinistear an latha a bha seo: "Nuair a bheir thu do speuclairean dhiot, an tusa fhathast am ministear?"

Urnaigh

A Dhè shìorraidh,
mar a tha bliadhna an dèidh bliadhna
a' gabhail seachad 'nan deann,
tha Thusa dìleas agus neo-chaochlaideach
am measg nan atharrachaidhean
a thig oirne.
Aig toiseach na bliadhna
deònach dhuinn spiorad an leinibh bhig
ach an cur sinn ar làmh
nad làimh-sa
airson an turais a tha romhainn.
Ar n-ùrnaigh tha sinn a' cur suas
ann an ainm an Tighearna losa
a tha a' dol a-mach
air ar ceann agus air ar crann.

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Eaglais Chumlodain ann an Earra Ghàidheal air a còmhдах le sneachd aig àm na Nollaig beagan bhliadhnachan air ais.